

The Free Presbyterian Magazine
An Earrann Ghàidhlig

Thug thu bratach dhaibhsan don eagal thu,
gu bhith air a togail suas air sgàth na firinn Salm 60:4

EARRACH 2017

Cuimhneachadh an Ath-Leasachaidh

Mar a tha fhios aig ar luchd-leughaidh, tha a' bhliadhna seo a' comharrachadh na 500mh bliadhna bho thoiseach an Ath-Leasachaidh sa Ghearmailt. 'S e cuspair a th' ann a bu choir spiorad taingeachd gu mòr a chur nar cridheachan. Mur a sheas Màrtainn Luther an aghaidh nan saobh-chreideamhan Pàpanach san dòigh cho gaisgeil 's a sheas e an uair ud, 's math dh'fhaodte gum biodh am Pàpanachas fada na bu làidir na bha e air na bliadhnaichean bhon uair sin. Tha e follaiseach gur e duine a bh' ann a chaidh a thogail a-suas leis a' Chruithfhear airson na rinn e na latha-san. Ach cha b' e obair aig duine a bh' ann san Ath-leasachadh. 'S e an Spiorad Naomh a dh'oibrich cho cumhachdach aig an àm sin a dh' aobharaich gun robh beannachdan an t-soisgeil a' dol a-mach air feadh na Roinn Eòrpa agus a thàinig gar n-ionnsaidh ann an Alba mar an ceudna.

O b' fheàrr gum moladh daoine Dia airson a Mhaitheis chaoin; 'S airson a bhearta iongantach,
Rinn E do chloinn nan daoin'! (Ps 107:8).

'S e an dleasdanas a th' againn gun iarramaid gràs a chumail ris an t-soisgeul glan a chaidh a thoirt dhuinn agus sinn ga

thoirt seachad do na ginealaichean a tha ri teachd. Ma gheibh sinn gràs gu bhith a’ cumail ris sin, chan urrainn dhuinn ach a bhith faiceallach mun Phàpanachas fhàthast agus ag iarraidh nan làithean nuair a chluinnear na briathran toilichte ud mu dheireadh thall: “Thuit, thuit Bàbilon mhòr” (Taisb. 18:2).

Glòir Chrann-Ceusaidh Chrìosd

Leis an Urr. Iain MacLabhrainn (1693-1754)

Ach nar leigeadh Dia gun dèanainn-sa uaill ach ann an crann-ceusaidh ar Tighearna Ìosa Crìosd, tre a bheil an saoghal air a cheusadh dhòmhsa, agus mise don t-saoghal” (Galatianaich 6:14).

Le sùil a chreideimh, chithear a’ ghlòir ud tro roinn-bhrat tana ’fheòla, agus, fon chòmhdach iriosal ud, chithear Rìgh na glòir, Rìgh nan Rìgh, an Tighearna làidir treun, an Tighearna “treun an cath” (Salm 24:8). Is iad na neamhan a rìgh-chathair, an talamh stol a chois, an solas a thrusgan, na neòil a charbad, an tairneanach a ghuth. Tha a neart uile-chumhachdach, a shaoibhreas uil-fhoghainteach, a ghlòir neo-chrìochnach. Is iad feachd-nèimh a luchd-frithealaidh; is iad muinntir òirdheirc na talmhainn ’oighreachd neo-thruaillidh, air an do bhuilich e saoihbreas do-rannsaichte; cuirmean de shòlasan buan-mhaireannach agus suidheachaidhean àrda a dh’urram neo-bhàsmhor – gan deanamh nan rìghrean agus nan sagartan do Dhia, nan luchd-buaidh, seadh, nan luchd tuilleadh agus buaidh, nan cloinn do Dhia agus ann an aonadh dìomhair ris fèin.

Tha rudeigin ri fhaicinn an seo a tha toirt barrachd neo-leithideach air gach glòir thalmhaidh ged a tha e fo chòmhdach

ro-iriosal. Ach tha an còmhdach iriosal seo an aghaidh càil an t-saoghail. Ma bheachdaichear gu ceart air a' chòmhdach seo, chithear e ann an dreach cho glòrmhor agus gu bheil eadhon a dhìblidheachd ro-urramach.

B' ìsleachadh glòrmhor e, do bhrìgh gun robh a rùintean agus a thoraidhean ro ghlòrmhor. Ma dh'fhuiling Esan masladh, bochdainn, cràdh, bròn agus bàs rè seal, is ann a chum nach fuilingeamaid-ne na nithean sin a chaoidh. Uime sin, bha an t-ìsleachadh ud glòrmhor do bhrìgh gun robh e ann an dàimh frithealaidh do rùntaibh gràidh agus tròcair a bha neo-chrìochnach ann an glòir.

Bha e na fhrithealadh mar seo ann an caochladh dhòighean. Riarraich E agartais an lagha, chuir e onoir do-labhairt air 'iarrtasan uile. B' e pàirt do rùn Chrìosd a leithid a dh'onoir a chur air naomhachd, sin ri ràdh, air ùmhlachd don lagh, agus gum biodh gach nì eile suarach ann an coimeas ris. Is e gaol mòralachd shaoghalta aon de na bacaidhean is mò agus is làidire a tha 'n aghaidh naomhachd. Cha robh feum againn air eisimpleir Chrìosd gu bhith a' moladh dhuinn greadhnachas an t-saoghail; ach bha mòr-fheum againn air 'eisimpleir gu bhith a' giùlan gun ghearan le bochdainn; agus gu àrd-mheas a chur air naomhachd, ciod air bith dìmeas a dh'fhaodas teachd 'n a lorg. Bha suidheachadh dìblidh Chrìosd na mheadhan luachmhor airson na crìche seo. Mar sin, bha mòralachd eadhon na dhìblidheachd. Tha onoir dhaoine eile an crochadh ri an crannchur; ach bha crannchur Chrìosd air a dheanadh leis-san na staid ro-urramach. Mar sin, bha ìsleachd Chrìosd

on leth a-muigh, leis an robh ‘fhìor-mhòralachd air a folach, ro ghlòrmhor innte fèin, a thaobh an rùin a bu chrìoch dhi.

Gidheadh, cha robh an rùn ud tur-fholaichte na ìsleachd - bha iomadh gath-solais de a ghlòir a’ dealradh a mach tro a dhìblidheachd.

A’ Choinneamh-cheist ann an Geàrrloch

An 9mh dhen Dàmhair 1936. Nochd an cumntas seo mar gum b’ ann an iris na h-eaglaise anns an t-Samhain, 1936 agus anns a’ Ghearran, 1937. (Air a leanntainn on Earrain mu dheireadh)

D. Friseil, Srath Pheotharain. Ann an [Phil 1] earr 27, tha Pòl ag ràdh, Caithibh ur beatha gu cubhaidh do shoisgeul Chrìosd. Tha sin a’ gabhail a-staigh a bhith a’ creidsinn agus a’ fulang. Tha sin a-rithist, ann an tomhas mòr, air a bhonntachadh air a bhith a’ ceusadh na feòla maille ri a h-an-tograidhean agus a h-ana-miannan. Ma bhios neach gu cogaiseach a’ ceusadh na feòla, chan fhad a bhios e air fhàgail san uaigneas. Tha cuid nach mòr nach d’ rinn iad ar-a-mach an aghaidh Chrìosd mun d’thàinig iad gus an fhollais, ach ‘s treise Dia a tha a chomhnaidh shuas na fuaim nan uisgean garbh. “Is sibhse m’ fhianaisean, deir an Tighearna, eadhon m’ òglach a roghnaich mi; a chum gun aithnich agus gun creid sibh mi; agus gun tuig sibh gur mi esan.” Cha las e coinneil gu bhith ga chur fo shoitheach. ‘S èiginn dhaibh a bhith mar bhaile air sliabh nach gabh falach. Tha sùilean clann an dorchadais orra is tha iad a’ dèanamh gàirdeachas tràth chì iad aon de chloinn Dhè a’ tighinn geàrr. Bidh Dia a’ dèanamh slat-smachdachaidh den

aingidh gu bhith a' smachdachadh a shluaigh fhèin. "Saor m' anam bochd, a Dhè."

Tha iad seo a' fulang airson Chrìosd – 's e seo nì nach gabh a bhith air a dhèanamh aig aon àm, 's an dèidh sin a bhith cuidhteas e. Feumaidh an cath eadar feòil is spiorad a bhith air a chur gus am bi bàs air a shluigeadh suas le buaidh, mar an cogadh eadar taigh Shauil is taigh Dhaibhidh. Bha taigh Dhaibhidh a' sìor-dhol nas treasa anns a h-uile batail a bha e a' cur. Roghnaicheadh clann Israeil cur às dhan nàimhdean, ach tha iad seo a' foghlam nach tilg iad a-mach an nàimhdean ann an aon latha. Tre iomadh buaireadh bidh an oighreachd aca san.

Iain MacIll'fhinnein, Diabaig. Chunnaic iad màise Chrìosd. Thàinig facal an Tighearna gu bhith gan dìteadh. Thàinig orra a bhith a' gabhail ri an cliù – sgrios iad iad fhèin. "Oir is ann le gràs a tha sibh air ur tèarnadh, tre chreideamh: agus sin chan ann uaibh fhèin; is e tiodhlac Dhè e." Dh'aithnich iad seo gum feumadh iad a bhith ga leantainn, mar a tha E ag ràdh, "Tha mo chaoraich-sa ag èisdeachd rim ghuth, agus is aithne dhomh iad, agus leanaidh iad mi." Tha iad a' meas le Maois gu mòr saoihbreas masladh Chrìosd na ionmhas na h-Eiphit. Cha bhi mise cur èis air na bràithrean.

D. Mathanach, on Phloc. Dh'fhoghlam iad seo nach eil creideamh aca, nach robh aca ach peacadh is nithean gràineil. Dhearbh E orra an eu-comas. Tha iad a' faicinn dìomhanas sgrìobhte air gach nì, san latha 's an d' fhuair iad a bhith a' creidsinn ann an Crìosd. Nuair a fhuair iad a bhith a' socrachadh air, an sin thòisich iad a bhith a' fulang bho na

nithean a tha a-staigh. 'S iad nàimhdean duine muinntir a thaighe fhèin – eas-creideamh, fèinealachd, truaillidheachd an nàdair ag èirigh suas – a' fulang do bhrìgh gu bheil Crìosd mar an aon bhonn-dòchais. Bidh e air aithneachadh orra nan caithe-beatha san t-saoghal gu bheil glòir Dhè aca san amhairc a-nis. Tha iad ag iarraidh a bhith dìleas, ach gam faotainn fhèin fad o sin, ach 's e nàdar gràis gum bi iad dìleas. Tha iad a' fulang bhon diabhal. Lean an nàmhaid eucorach le tòir gheur m' anam bochd.

Bithidh iad a' fulang bhon t-saoghal. Faodaidh e bhith gur e luchd-aideachaidh gun ghràs na nàimhdean as motha a tha aig Crìosd san t-saoghal. Bidh iad a' fulang bho cheilg an cridheachan. Chan urrainn iad a bhith ag earbsa asta fhèin. Dh'fhuiling cuid dhiubh bàs airson Chrìosd. "Is urrainn mi na h-uile nithean a dhèanamh tre Chrìosd a neartaicheas mi." Mar as fhaide a tha iad san t-saoghal, 's ann as motha a tha feum aca air gràs 's a chleachdadh. Tha iad a' faghail seo a-mach.

D. Macrath, Inbhir Nis. 'S e tiodhlac iongantach seo. Bha e air a thiodhlacadh orra. Bha Crìosd air a thoirt dhaibh sa chùmhnannt shìorraidh mus d' fhuair iad a bhith a' creidsinn ann. Tha Crìosd dhaibh na h-uile is anns na h-uile. Fhuair iad dòchas tre ghràs. Fhuair iad seo a-mach gu bheil sùil an nàmhaid orra airson an ribeadh. Tha e an tòir orra. Tha iad ga ghràdhachadh-san a thug aon-ghin Mhic fhèin, a-chum is ge bè neach a chreideas ann, nach sgriosar e, ach gum bi a' bheatha shìorraidh aige. Cha dealaich iad on chreideamh seo a dh'aindheoin saoghal is feòil.

Seumas MacÌomhair, an Luirg. 'S e an Spiorad Naomh a thug dhaibh a bhith a' creidsinn is mar an ceudna, a bhith a' fulang. 'S iad nàimhdean duine muinntir a thaighe fèin. Tha iad a' fulang bho chòmhradh an t-saoghail agus bho chuid de luchd-aideachaidh. Tha facal Dhè againn an-diugh, mar shliochd na feadhainn a dh'fhuiling. Sheas Mgr MacPhàrlainn agus Mgr Dòmhnallach o chionn còrr is dà fhichead bliadhna airson na firinn, 's mura b' e sin, cha bhiodh againne na sochairean a tha sinn a-nis a' sealbhachadh. Thigeadh dhuinne a bhith a' glèidheadh seo, agus ge b' e air bith gu dè a dh'fhuilingeas sinn air a shon, gun cùmamaid dlùth ri chèile. Mar a chuala mi aon ag ràdh, "Tràth bhios caoraich ann am faing, ged bhiodh iad a' 'peltigeadh' a chèile, tràth thig cù a-staigh, leanaidh iad dlùth ri chèile. Bhuineadh e dhuinn a bhith ceart cho seasmhach 's cho dìleas riutha-san a sheas nan latha fèin. "Cùm m'imeachd suas, a Dhia nam feart, ad shlighean ceart gu treun."

Cumha airson nam Fiughalach nach maireann

Tha a' phìos seo a tharraing bhon "Free Presbyterian Magazine", an Lùnasdal, 1915, dg.158-160. Chan eil fhios againn cò sgrìobh e ach gur e ban-bhàrd a bh'ann mu thimcheall na bliadhna 1903.

Tha aobhar Chrìosd, nar measg, cho ìosal,
'S nach beag a' chianalas e san uair;
An fheadhainn chiatach, a bha togail fianais,
Gan leagadh ìosal uainn, anns an uaigh.

Am flùirean àlainn, Macrath a' Bhràighe,
Cha bheag an cràdh dhuinn, a bhàs san uair;
Is Domhnall MacAoidh, cha dèan suas a' bheàrn ac',
Ach Rìgh na slàinte, o'n thug E a' bhuaidh.

Cha b' e ailgheas an t-saoghail, a tha 'n làthair,
Am maith a b' fhearr leis, a thabhairt da shluagh,
Ach gheibh iad saobhreachd tìr Chanàain,
Ag òl à lànachd, 's cha tràigh an cuan.

Dh' fhaodainn mòran de chàirdean àireamh,
A chaidh gu Pàrras, 's dh' fhag an fheòil,
Is fhuair iad pailm, a chur nan làmhan,
'S chan fhaigh an nàmhaid gu bràth nan còir.

Is Coinneach àlainn, a bha an Gearloch,
A thog an t-Ard Rìgh gu dhachaidh bhuan,
Cha d' rinn E fhàgail, on 's e a b' fhearr dha,
A bhith anns an àite sa bheil an t-Uan.

'San dithis chliùteach, bha air Leathad Uidrigill,
'S mòr an t-ungadh a bha orra o shuas,
Bu bràithrean dùbailte iad is cloinn a' chùmhnaint,
'S cha bheag an ionndrainn iad, às an t-sluagh.

Is an Teachdair dileas, a dh' fhalbh à Sildeaig,
Gum b' àirde os cinn e, na chaidh a luaidh,
Gur mòr a' bhrìgh, a bha 'na theagaisg phrìseil,
'S gu bheil an Sgìreachd da rìreadh truagh.